

AINM: CLAS: 

Ìre 4-7 Fìleantaich

# Briseadh na Cloiche

le Iain Moireach



*Ghabh e dhan ulbhaig leis an òrd-mhòr, an t-òrd a' buiceil agus pian a' ruith na ghàirdeanan.*

## Cànan

Leugh an sgeulachd. Lorg a' chiall as fhaisge air na faclan gu h-ìosal, a rèir na sgeòil:

1. **ulbhag**

- ulbhag
- gaoth mhòr
- creag mhòr
- beinn mhòr

2. **crotal**

- lus a bhios a' toirt seachad dath ruadh no donn
- lus a thathar a' cleachdadh ann an uisge-beatha
- lus a thathar a' cleachdadh ann an cungaidhean leigheis
- lus brèagha a tha a' fàs ann an gàrradh

3. **cuislean**

- an cridhe
- na pioban a tha a' giùlan na fala nad bhodhaig
- cnàmhan a' chinn
- corragan

4. **uilinn**

- cnàmh eadar sliasaid agus glùin
- cnàmh eadar glùin agus adhbrann
- cnàmh eadar cùl an dùirn agus corrag
- cnàmh eadar gualainn agus cùl an dùirn

5. **mànrán**

- cànan ùr
- duine a bhios a' ruith às dèidh nam boireannach
- bòidean pòsaidh
- briathran a' ghaoil

6. **slacadaich**

- fuaim na mara
- fuaim cuideigin a' bualadh rudeigin
- èigheach
- argamaid

A bheil fhios agad dè tha gach facal a' ciallachadh? Sgrìobh seantansan ùra do gach facal.

### Ceistean

Freagair na ceistean a leanas:

1. Seall mar a tha a' chlach a' faighinn làmh-an-uachdair air an duine aig an toiseach.
2. Minich na h-atharrachaidhean a thàinig air corp an duine fhad 's a bha e a' strì leis a' chloich.
3. Dè tha inntinneach mun liosta de dh'fhaclan: taigh ... gàrradh ... teine ... bean ... sgìth ... taigh ... clach... a tha a' sèideadh tro inntinn an duine?
4. Seall mar a bha a' chlach ann bliadhnaichean mus do thòisich an duine air taigh a thogail.
5. Carson a bha e cho cudromach dha taigh spaideil le ùrlar còmhnard a thogail do Chrìona?
6. Minich mar a bha gnothaichean eatarra aig an toiseach.
7. Carson a tha an daolag agus na thachair dhi cudromach san sgeulachd? An tèid agad air coimeas a dhèanamh eadar an daolag agus caractar sam bith eile san stòiridh? Minich do fhreagairt.
8. Dè beachd an duine air cogadh?
9. Ach dh'fhalbh am blàths, dh'fhalbh na fiaclan, theirig an òige, is sheac na bilean. Le dìth taighe. Ciamar a tha Chrìona air a h-atharrachadh thairis air na bliadhnaichean bhon a phòs iad?
10. Ciamar a bha a' chlach a' cur maill air an duine crìoch a chur air an staran?
11. Minich trì eisimpleirean a chleachd an sgrìobhadair airson sealltainn gu bheil an duine a' tuiteam às a chèile agus gu bheil a' chlach air làmh-an-uachdair fhaighinn air mu dheireadh thall.
12. Ciamar a dhèilig Chrìona ris an t-suidheachadh a bha a' dol air adhart taobh a-muigh na h-uinneige?



## A' sgrìobhadh mu litreachas

Sgrìobh lèirmheas air an sgeulachd, ag ainmeachadh na leanas. Cuimhnich gum bi na freagairtean a thug thu seachad gu h-àrd gu feum dhut an seo cuideachd.

1. Ainm na sgeòil agus ainm an ùghdair.
2. Na cuspairean a tha a' nochdadh san sgeulachd agus mar a tha an sgrìobhadair a' dèiligeadh riutha.
3. An cànan a tha an sgrìobhadair a' cleachdadh. Carson a thagh e na faclan sònraichte a thagh e? Smaoinich air an dòigh-sgrìobhaidh a tha an sgrìobhadair a' cleachdadh an seo agus mar a tha an rosg uaireannan mar bhàrdachd. Dè am feum a tha ruithim a' dèanamh do bhrìgh nam facal? Ciamar a tha e a' glacadh aire an leughadair? Thoir seachad eisimpleirean bhon sgeulachd airson do bheachd a mhìneachadh.
4. Dè na faireachdainnean a tha an sgeulachd a' togail annad fhèin?
  - Smaoinich air truas, co-fhaireachdainn, fearg, bròn, mì-fhoighidinn.
  - Minich mar a tha an ceangal eadar fear is bean air a bhriseadh anns an stòiridh agus dè, nad bheachd-sa, a tha air cùl seo?
  - Carson a tha an deireadh cho brùideil? A bheil an leughadair an-fhoiseil aig an deireadh? Carson? An canadh tu gu bheil an sgeulachd air a deagh sgrìobhadh? Minich do bheachd.
5. A bharrachd air obair an duine, a bheil an tìotal a' freagradh air an stòiridh ann an dòigh sam bith eile? Saoil dè a' chlach eile a tha ga shàrachadh?



*Thuit an t-òrd, agus thàinig crith na ghàirdeanan sìos bho na h-uilnean gu bàrr nam meuran.*